



Eisimpleir de dh'Agallamh (Smaoinich: cò, dè, cuin, càite, carson)

Chan eil seo ach eisimpleir. Bu chòir dhuibh fhathast fios a chur gu daoine san sgìre agaibh fhèin gus ur n-agallamh fhèin a dhèanamh, ma tha sibh ag iarraidh.

Agallamh le Oifigear Gàidhlig ann an Glaschu

Ainm: Jonathan Angell

Dreuchd: Oifigear na Gàidhlig (Keep Scotland Beautiful)

Àite: Glaschu

Ceann-là: 26 Samhain 2025

Q1. Carson a tha thu ag obair leis a' Ghàidhlig?

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e **cudromach** a bhith a' cur taic ri **cànan is cultar** a tha cho sònraichte. Dh'ionnsaich mi Gàidhlig san sgoil agus tha mi cho **toilichte** gun urrainn dhomh na **sgilean** a th' agam a chleachdadh gus **Gàidhlig a dhìon**.

Q2. Dè an suidheachadh a th' aig a' Ghàidhlig ann an Glaschu?

Tha a' Ghàidhlig ri fhaicinn ann an **ainmean-àite**, san **sgoil**, agus ann am **buidhnean coimhearsnachd**. Tha mise feuchainn ri sin a leasachadh cho fad sa 's urrainn dhomh.

Q3. Ciamar a tha a' Ghàidhlig air atharrachadh san sgìre againn?

Tha **barrachd dhaoine òga** ga h-ionnsachadh agus a' gabhail pàirt ann an tachartasan Gàidhlig. Tha ùidh mhòr ann an **òrain Gàidhlig**, **cultar traidiseanta** agus fiù 's ann an **ainmean-àite**.

Q4. Carson a tha e cudromach Gàidhlig a chleachdadh – “Cleachd i no caill i”?

Ma chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns na coimhearsnachdan againn, **bidh barrachd dhaoine ga faicinn** mar phàirt nàdarra de bheatha làitheil. 'S ann le bhith ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh a thèid a' Ghàidhlig a **bhrosnachadh**.

Q5. Dè an t-eòlas pearsanta a th' agad le ainmean-àite no dualchas ionadail?

'S toil leam a bhith a' coimhead air mapaichean gus na **h-ainmean-àite** a lorg, gu h-àraidh ma tha iad mu dheidhinn **cruth na tìre**. Tha iad a' sealltainn **eachdraidh** na sgìre.

Taing mhòr airson d' ùine!

Mòran taing dhuibhse cuideachd, chòrd seo rium.



Eisimpleir de dh'Aithisg (stèidhichte air an agallamh)

Gàidhlig ann an Glaschu – Aithisg Ghoirid

Ro-ràdh

Tha a' Ghàidhlig aon de na seann chànanan ann an Alba, agus an-diugh tha i a' fàs a-rithist. 'S e ionad cudromach a th' ann an Glaschu airson ionnsachadh is cultar na Gàidhlig. Gus barrachd fhaighinn a-mach, bhruidhinn sinn ri Oifigear na Gàidhlig anns a' bhaile, agus roinn e an t-eòlas aige.

Carson a tha a' Ghàidhlig cudromach

Tha a' Ghàidhlig cudromach air sgàth 's gun urrainn i cuideachadh le bhith a' cumail ar cànan agus ar cultar beò, agus bheir i dhuinn tòrr chothroman co-cheangailte ri tachartasan cultarach, ceòl agus bùthan-obrach.

Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Bhruidhinn an t-Oifigear Gàidhlig mu mar a chì thu Gàidhlig ann an Glaschu gach latha, gu h-àraidh ann an ainmean-àite.

Mar a tha a' Ghàidhlig ag Atharrachadh ann an Glaschu

Tha coltas ann gu bheil tha ùidh ann an Gàidhlig air fàs gu mòr, gu h-àraidh am measg òigridh. Tha mòran a-nis a' gabhail pàirt ann an tachartasan mar seiseanan seinn, bùithtean-obrach agus farpaisean.

An t-adhbhar gu bheil a' Ghàidhlig cudromach

Thuit e, ma tha daoine a' sgrìobhadh, a' bruidhinn agus ag èisteachd ris a' Ghàidhlig, bidh i na phàirt de bheatha àbhaisteach ann an Glaschu. Mura h-eil daoine a' dèanamh na rudan sin, cha bhi ar cànan no ar cultar cho làidir.

Gàidhlig agus Dualchas Ionadail

Rinn an t-Oifigear iomradh air an ùidh aige fhèin ann an ainmean-àite Gàidhlig. Tha e dèidheil air mapaichean agus air ionnsachadh mu Ghàidhlig sa Ghlaschu. Gu tric tha ainmean-àite Gàidhlig a' toirt cunntas air nàdar, beathaichean no seann bhailtean.

Co-dhùnadh

Bhon agallamh agus an rannsachadh againn, tha e soilleir gu bheil Gàidhlig a' fàs nas làidire ann an Glaschu. Tha barrachd sgoilearan ga ionnsachadh, barrachd shoidhnichean is chlasaichean ann, agus barrachd dhaoine ga cleachdadh ann an ceòl, cultar agus beatha làitheil.